

a mhain aon ogha-nighinn, agus ged a théid ise éigheach 'na Ban-rìgh as bhur déidh cha mhair ise fada, agus air feadh iomadh bliadhna bidh an dùthaich seo 'na fàsach bun os cionn, bidh bhur dùthaich 'na thrù-thrà, bidh bhur dùthaich àlainn triomach air shearrach, bidh àimreadh agus buaireas agus làmhachas làdir ann, bidh leir-mhortadh agus sasmharbhadh ann, bidh ceannairc agus àr a mach ann, bidh daorsadh agus tràillealachd ann, agus nì bhur dùthaich gul agus caoidh air bhur son, ach aig an deireadh thall bidh . . .

*Thig an Teachdaire a steach do an talla, ach seasaidh e aig an dorus an uair chì e có iad a tha ann. Tha an t-Amadan-Cleasaiche 'ga leantainn. Tha culaidh mharcachd air an Teachdaire, agus tha spuir aige air a bhrògan fada. Tha an Teachdaire 'na fhlìuch shallus agus tha an anail's an uchd aige. Tha a chulaidh salach, agus làthachail, agus sgaoilte.*

AN TEACHDAIRE—Cha chuala sibh-se an naidheachd?

AN T-ABA—Cha chuala. Ciod ì an naidheachd?

*Thig an t-Amadan-Cleasaiche a steach do an talla, a' leum 'na shùrdagan agus a' gearradh shinteag.*

AN T-AMADAN-CLEASAICHE—Thàinig an rìgh! Thàinig an rìgh! Is geal gach nodha gu ruig snothach an fheàrna! Thàinig an rìgh! Thàinig an rìgh!

*Eiridh Mairi agus nì i greim air làmh an Amadan-Cleasaiche, agus théid ise agus esan a mach as an talla, le chéile.*

AN SEANCHAIDH (a' dol air a adhart)—“ach aig an deireadh thall bidh duine treun ann, agus air a' mhachair a tha sinn a' faicinn as an seo, agus le feachd mór a thig còmhla ris as gach ceàrn de an rioghachd, bidh an luchd casgairte agus muinntear na h-eucorach air an sguabhadh air falbh mar dhuslach. Gheibh an duine treun seo agus a chuid shaighdear calma làmh an uachdar air an nàimhdean agus bidh bhur dùthaich a rithist saor agus sealbhdmhor agus soirbheasach, bidh, bidh.”

AN TEACHDAIRE—Nach cuala sibh naidheachd an rìgh?

AN T-ABA—Cha chuala. Ciod ì an naidheachd?

AN TEACHDAIRE—Chaidh an rìgh leis a' chreig agus . . .

AN T-ABA (le h-ioghnadh agus le fuath)—Chaidh an rìgh leis a' chreig? Càite? Ciod é a thachair?

AN TEACHDAIRE—Chaidh an rìgh agus an t-each air an robh e a' marcachd leis a' chreig. Tha an rìgh marbh.

AN T-ABA (a' cur a anna fo chrois)—Tha an rìgh marbh? Ciod ì an naidheachd so? Is an aoiabhinn an sgeul 'nar neòil . . .

*Togaidh an Seachaidh a cheann, ach chan abair e focal. Seallaidh e direach roimhe, agus cromaidh e a rithist a cheann.*

AN TEACHDAIRE (a' tighinn a steach do an talla)  
—Bha mi . . .

*This an Ceannard-Airm a steach anns an talla. Tha culaidh mharcachd air. Nì an Teachdaire stad an uair thig an Ceannard-Airm ann.*

AN CEANNARD-AIRM (ris an Teachdaire)—Ciod é a bha thu ag ràdh?

AN TEACHDAIRE—Bha mi a' tighinn dachaigh o Dhùn-Eideann còmhla ris an rìgh. Bha gaoth mhòr ann, mar a tha a fhios agaibhse, agus dorchadas na h-oidhche, agus bha gach uile rud fior chunnartach. Bha mi fhéin air son gun cuireadh an rìgh an oidhche seachad an taigh seagair ri taobh an rathaid mhòr—taigh a bha aig aon de an luchd-choimheadachd aige fhéin—ach cha robh an rìgh idir air son stad—b'ann a bha e daingean 'na bharail fhéin—agus ghabh sinn air ar n-adhart. An uair bha sinn a' dol seachad aig ceann creige àirdle a bha romhainn b'ann a shleamhnaich an t-each a bha fo an rìgh, agus chaidh an t-ainmhidh agus a mharcach leis a' chreig. An uair ràinig mi an t-àite anns an robh e 'na laighe aig bonn na creige bha e cheana marbh. Bha . . .

AN CEANNARD-AIRM—Bha e cheana marbh?

AN TEACHDAIRE—Bha—bha e cheana marbh.

AN CEANNARD-AIRM—Nach robh ann ach an rìgh a mhàin?

AN TEACHDAIRE—Direach an rìgh a mhàin.

AN CEANNARD-AIRM—Có é a bha a' marcachd ri taobh an rìgh—no có é a bha ann 'na dhéidh?

AN TEACHDAIRE—Bha mise 'na dhéidh—cha robh duine ann ri a thaobh.

AN T-ABA—Càit an robh Aonghas Dubh? Nach robh Aonghas Dubh ann?

AN CEANNARD-AIRM—Nach robh duine sam bith ann ach thu fhéin?

*Thig an t-Amadan-Cleasaiche ann, a' leum agus a' gearradh shinteag mar a rinn e roimhe. Thig Mairi ann, 'na cabhaig, 'na dhéidh.*

AN T-AMADAN-CLEASAICHE—Thàinig an rìgh. Thàinig an rìgh! Tha an rìgh air tighinn!

AN CEANNARD-AIRM—Cùm do theanga.

(R 'a Leantainn)